

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA**

Premier Inn, Pacific Quay  
Diciadain 6/2/19, 1130-1600

Dreachd gearr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (sa Chathair) Màiri Kidd  
Donaidh MacAmhlaidh Dùghall MacAmhlaigh

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Nicola Pearson (Cunntasair Stiùiridh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail notaichean)

**Gnothaichean gnàthach**

*Choinnich Cathraiche na Comataidh, Leas-Chathraiche na Comataidh, an Stiùiriche Ionmhais agus an Cunntasair Stiùiridh ris an luchd-sgrùdaidh ùr ron choinneamh gus Pàipear Planaidh an luchd-sgrùdaidh 2019/20 a dheasbad. Bha iad riarachtaichte leis a' phàipear agus cha robh gnothach sam bith ag èirigh às airson a thoirt gu aire bhuill eile.*

**1 Leisgeulan**

Cha robh gin.

**2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

**3 Gearr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 7/11/18**

Aontaichte.

**4 Gnothaichean ag èirigh**

- 4.1 Ann an co-theacsa an litir a chaidh gu Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC bho Chathraiche MG ALBA ag iarraidh air a' BhBC a) na cosgaisean airson seirbheisean taic na seanail a ghabhail os làimh agus b) an iomairt ionnsachaidh "Speak Gaelic" a

mhaoineachadh agus c) an t-seanail a chuir air HD, bha Cathraiche ùr na buidhne air freagairt fhaighinn agus chaidh leth-bhreac den litir a chuirteachadh air buill. Ghabh buill fa-near agus bidh seo air clàr-chùisean a' bhùird air 28/2/19. (Gnìomh: MAMI)

- 4.2 Deuchainn Leantainneach Ghnothach – chaidh a dhaingneachadh gu robh an sgioba àrd-stiùiridh a' gabhail ris na molaidhean san aithisg agus thèid an cuir an gnìomh. Ri linn 's gu bheil seo air clàr-obrach bhliadhnail na Comataidh, bidh fiosrachadh às ùr air adhartas agus coileantas na gnìomhan a chaidh a mholadh air beulaibh na Comataidh san t-Samhain. (Gnìomh: MAMI)

## **5 Aithisg HR**

- 5.1 Bha aithisg air beulaibh bhall le fiosrachadh mu nithean ùra agus a' measadh atharraichean, prìomhachasan agus adhartais. Bha buill riarichte.
- 5.2 Thèid dèanamh cinnteach gun deach na h-atharraichean ann an cùmhnantan obrach aontachadh leis an luchd-obrach. (Gnìomh: DC)
- 5.3 Creideas nar Cosnaichean – chaidh a chomharrachadh gum biodh e feumail nam biodh am buidheann a' dèanamh fòcas nas motha air a bhith a' measadh thoraidhean iomairtean ionnsachaidh agus leasachaidh, an dà chuid airson luchd-obrach agus bòrd. Chaidh a dhaingneachadh bho seo a-mach gum bi am Manaidsear Gnìomha ag adhartachadh leasachadh agus gum bi gach rud mu threànadh clàraichte air bathar-bog na buidhne.

## **6a Plana trèanaidh a' bhùird 2019/20**

- 6.1 Bha plana trèanaidh a' bhùird air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Co-cheangailte ri bùth-obrach air cuspair PSB anns an RA a tha sa chlàr airson an Ògmhios, chaidh aontachadh gum biodh e feumail gun deidheadh seo a lìbhrigeadh le neach neo-eisimeileach le sealladh ro-innleachdail air craoladh, le co-theacsa farsaing agus cuideachd fòcas nas teanna air na tha sin a' ciallachadh airson lèirmheas meadhan teirm a' Chairt Rìoghail. Thèid seo a dheasbad tro ph-dealain. (DC)
- 6.3 Chaidh am plana aontachadh.

## **6b Plana Obrachaidh 2019/20**

- 6.4 An dèidh coinneamh de bhuill air 10/1/19 far an deach molaidhean a chuir air adhart, chaidh an dreach as ùire den Phlana Obrachaidh gu Ofcom airson beachd, a thuilleadh air gu Riaghaltas na h-Alba, agus bha an tionndadh sin air beulaibh bhall.

- 6.5 Am measg na bhathas ag iarraidh air buill beachdachadh air bha cuid de bhuidseatan a tha fhathast ri rèiteachadh, no a bhios feumach air airgead ùr airson an coileanadh.
- 6.6 Conaltradh [£50k] – chaidh aontachadh gun deach seo a chomharrachadh roimhe mar bhuidseat riatanach agus bhiodh dùil ri moladh bho oifigearan;
- 6.7 Tasglann prògraman Gàidhlig [£50k] – an dèidh deasbaid, chaidh aontachadh gum bu choir sùil a chumail air an fheum airson a’ bhuidseat seo agus gum bithear a’ feitheamh airson co-dhùnaidhean bho chòmhradh le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba;
- 6.8 Preantasachd [£50k] – an dèidh deasbaid chaidh aontachadh nach robh am buidseat coileanta ach is urrain don obair a dhol air adhart le dùil gun tèid airgead a bharrachd a lorg agus mura tèid, gun tèid tarraing air ais bho chuid de na geallaidhean.
- 6.9 Co-cheangailte ri na prìomh phròiseactan aig nach robh maoinachadh, chaidh a chomharrachadh gu robh tuilleadh obrach a dhìth gus adhartas fhaicinn anns gach pròiseact.
- 6.10 Chaidh a chomharrachadh leis a’ Chomataidh gu robh e annasach gur e nas lugha de dh’airgead a bhathas a’ cur mu choinneamh comadaidh ged a bha sinn dha aithneachadh mar phrìomhachas agus bha ceist ann an robh sinn a’ cur airgead gu leòr ris.
- 6.11 Thèid ùrachadh a dhèanamh air a’ Phlana agus thig e air beulaibh a’ bhùird air 28/2 (Gnìomh: DC)

#### **7a Poileasaidhean – Saorsa Fiosrachaidh**

- 7.1 Bha Poileasaidh Saorsa Fiosrachaidh air beulaibh bhall.
- 7.2 Dh’aontaich a’ chomataidh leis a’ phoileasaidh mar a bha e le iomradh a bharrachd air an Data Protection Act 2018.
- 7.3 Chaidh a chomharrachadh gur e prìomh adhbhar sgeama foillseachaidh dèanamh cinnteach gu robh fiosrachadh ann agus furasta a lorg ma bha ceistean aig a’ phoball agus chaidh aontachadh obair a dhèanamh ceanglaichean a chuir anns gach roinn gu fiosrachadh a bha mu thràth air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: KP)
- 7.4 Thèid tionndadh às ùr a chuir fa chomhair a’ Bhùird air 28/2/19.

#### **7b Poileasaidhean – Àrainneachd**

- 7.5 Bha Poileasaidh Àrainneachd air beulaibh bhall.
- 7.6 Chaidh aontachadh ri susbaint a’ phoileasaidh ach gu robh feum air beagan obrach gus dèanamh cinnteach gu robh am poileasaidh a’ seasamh leis fhèin. (Gnìomh: NMG)

7.7 Thèid tionndadh às ùr a chuir fa chomhair a’ Bhùird air 28/2/19.

### **7c Poileasaidhean – Gnàth-riaghailtean**

7.8 Bha moladh ann modh-obrach sgrìobhte a chleachdadh mar pàirt den Phoileasaidh Gnàth Riaghailtean. Bidh na modhan-obrach seo air an cuir gu feum a thaobh stiùireadh obrach nam Bòrd neo an comataidh.

7.10 Chaidh na h-atharraichean a leanas aontachadh a chuir ris a’ Phoileasaidh Gnàth Riaghailtean <http://www.mgalba.com/downloads/policies/standing-orders-0818.pdf> agus ùghdarrach a thoirt dha na dòighean-obrach seo.

6.8	A motion adopted as a resolution by written procedure shall be as valid and effectual as if it had been adopted at a meeting of the Board provided that: a) the motion is circulated by email or other appropriate electronic communication to all Board Members; b) Members shall have at least three days to respond to the motion; c) a majority of the Board Members are in favour of, and approve, its adoption as a resolution; and d) no Member has objected or requested that the motion be dealt with at a meeting of the Board.
-----	---

#### Written procedure

A written procedure is a written proposal or motion, including by means of electronic communication, formally submitted outside of Board meetings for adoption by Members as a resolution of the Board.

7.11 Chaidh seo a mholadh chun bhùird agus thèid e air am beulaibh air 28/2/19 (Gnìomh: MAMI).

### **8 Cùmhnantan Seirbheis**

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu na cùmhnantan airson seirbheisean a bh’ aig am buidheann an ceartuir a’ sealltainn deitichean ùrachaidh.

8.2 Chaidh aontachadh a) deitichean tòiseachaidh b) deitichean lèirmheas agus c) cosgaisean bliadhnail a chuir mu choinneamh gach cùmhnant.

8.3 Thig moladh bhon Stiùiriche Ionmhais air dè cho tric ‘s a dh’fheumas lèirmheas a dhèanamh orra.

8.4 Bu chòir seo a bhith dèante leis an sgioba àrd-stiùiridh agus a chuir air beulaibh na Comataidh, a’ dèanamh cinnteach gu bheil measadh air luach an airgid air a chlàradh

agus dèanamh cinnteach gu bheileas taobh a-staigh poileasaidh solarachaidh na buidhne airson gach fear.

8.5 Thèid seo air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh (Gnìomh: NP)

## **9. In-sgrùdadh nam meadhanan sòisealta agus in-sgrùdadh Èifeachdas a' Bhùird**

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

9.2 Nam meadhanan sòisealta - chaidh aontachadh a) sìneadh 3 mìosan airson obair poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta a choileanadh agus 3 mìosan eile airson an in-sgrùdadh air na MS a choileanadh.

9.3 Èifeachdas a' Bhùird - chaidh aontachadh a) gluasad gu fastadh bhon taobh a-muigh airson an In-sgrùdadh, leis a'chlàr-ama seo:

- Aonta air “brief” – pròiseas sgiobhte leis a' Chomataidh – 15 Gearran
- Cuireadh gu tagradh agus fastadh – ro dheireadh a' Ghibhein
- Obair sgrùdaidh – samhradh
- Ciad dreachd aithisg, no ciad thoraidhean –Comataidh Sultain 2019
- Aithisg - Comataidh Samhain 2019

## **10. Clàr Riosgan**

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air Clàr Riosgan ùr na buidhne agus fiosrachadh air an t-slighe a chaidh a chuir an sàs gu ruige siostam agus cultar ùr agus chaidh deasbad a chumail.

10.2 Chuir a' Chomataidh fàilte air dòigh-obrach in-ghabhalachd na buidhne riosg ùr.

10.3 Bha faireachdainn aig a' Chomataidh ged a bha am modh-obrach ùr ri mholadh aig ìre gnìomha (executive) na buidhne, gu robh feum air an tuilleadh mìneachaidh aig ìre neo-ghnìomha a bhiodh feumail dhan bhòrd ann a bhith a' riarachadh a-mach ghoireasan mu choinneamh nam prìomh riosgan.

10.4 Chaidh innse leis an sgioba àrd-stiùiridh gum biodh iadsan a' dèanamh aithris choileanta chun bhùird mu phrìomh riosgan.

10.5 Bha Cathraiche na Comataidh a' moladh an fheum airson clàr-riosgan le sgòr airson buaidh agus coltachd agus gnìomhan leasachaidh.

10.6 Chaidh aontachadh pàipear a chuir chun bhùird bhon sgioba àrd-stiùiridh le riosgan ro-innleachdail fhad-ùine agus ciamar a thathas dol a chuir goireasan mun coinneamh. (Gnìomh: DC)

**11. Aithisean air leth**

Cha robh gin.

**12 Aithisgean Raitheil – Q3 2018/19**

12.1 Chaidh iad seo a chomharrachadh.

**13 GISBE**

13.1 Chaidh còmhradh a chumail mu ciamar a thèid conaltradh leis a' bhòrd a leasachadh, me, a bhith a' cur fios thuca mu phrògraman agus a bhith toirt cead do bhuill a dhol far a bheil fiosrachadh dha ghleidheadh leis a' bhuidheann agus ciamar a thathas a' conaltradh tro ph-d ann an dòigh a tha taobh staigh riaghailtean GDPR.

13.2 Chaidh innse gun deach am Manaidsear Gnìomha a cur an sàs mar Oifigear Dìon Dàta na buidhne.

13.3 Co-chomhairle 'Over 75s' - chaidh an ùine airson freagairtean a shìneadh.

**14. Deit na h-ath choinneimh – tbc ach Cèitean 2019**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*